

# SAOGHAL NA CLOINNE BIGE



## Chaidh mi Cuairt A-mach an Rathad

**Chaidh mi cuairt a-mach an rathad  
Chunna mi bò ann am meadhan na pàirce  
Saoil gu dè bha a' bhò ag ràdh?**


**Mò! Mò! Mò!**

**Chaidh mi cuairt a-mach an rathad  
Chunna mi caora ann am meadhan na pàirce'  
Saoil gu dè bha a' chaora ag ràdh?**

**Mea! Mea! Mea!**



# SAOGHAL NA CLOINNE BIGE



**Chaidh mi cuairt a-mach an rathad  
Chunna mi cù ann am meadhan na pàirce  
Saoil gu dè bha 'n cù ag ràdh?**

**Wuf! Wuf! Wuf!**

**Chaidh mi cuairt a-mach an rathad  
Chunna mi coileach ann am meadhan na  
pàirce  
Saoil gu dè bha 'n coileach ag ràdh?**

**Coa a roo a roo!**

**Faclan le Mairead Hulse; fonn le Eilidh NicCoinnich.  
Air a ghabhail le Rory MacDiarmaid.  
Ceòl-taice le Pablo Lafuente.  
Clàraichte le Pablo Lafuente, Viewbank Studio.**

*Tha Fèisean nan Gàidheal air an dìcheall a dhèanamh an neach no an gniomhachas aig a bheil  
dlighe-sgrìobhaidh Mairead Hulse a lorg.*

*Fhuaras comhairle bho Acair Books gum biodh e  
ceadaichte na h-òrain aicea chlàradh,  
le Mairead air ainmeachadh mar bhàrd.*

